



Mar a chuala mise e

Notaichean Tìdseir




Clàr-innse

Ro-ràdh 3

Cùl-fhiosrachadh 4

Tagsonomaidh Bloom 7

Sgeulachdan agus Gnìomhan 11



Ro-ràdh

Tha na notaichean seo ag amas air beachd a thoirt do thidsearan bun-sgoile agus àrd-sgoile air diofar dhòighean air na sgeulachdan ann am ‘Mar a chuala mise e’ a chleachdadh le sgoilearan.

B’ e prìomh amas nan notaichean dòighean a thaisbeanadh air na sgeulachdan a thoirt beò tro èisteachd is labhairt, gach cuid bhon as ann bho bheul-aithris a thàinig na sgeulachdan sa chiad dol a-mach agus bhon a bhathar a’ meas gun robh stuthan èisteachd is labhairt a dhìth.

Thathar air na stuthan a leanas a dheasachadh:

Mu dheidhinn sgeulachdan traidiseanta: cùl-fhiosrachadh do thidsearan air sgeulachdan traidiseanta anns an fharsaingeachd;

Eisimpleirean de cheistean stèidhichte air stuthan Tagsonomaidh Bloom: mar fhiosrachadh do thidsearan.

Agus an cois gach sgeulachd gheibhear:

Cnàmhan nan sgeulachdan is notaichean: gach sgeulachd anns a’ chruinneachadh ann an riochd sìmplidh a ghabhas cleachdadh mar dhòigh air cuimhneachadh air na ‘cnàmhan’ dhaibhsan a tha airson na sgeulachdan innse iad fhèin, no airson taic a thoirt do sgoilearan ann a bhith gan innse. Tha na notaichean a’ mìneachadh barrachd mu gach sgeulachd agus thathar an dòchas gun toir iad seo beachdan air dòighean air barrachd rannsachaidh a dhèanamh mu na sgeulachdan, coimeas a dhèanamh eatarra, coimeas a dhèanamh eadar sgeulachdan a’ chruinneachaidh agus sgeulachdan eile air am bi sgoilearan eòlach, agus mar sin air adhart;

A’ leasachadh sgilean èisteachd is labhairt tro cheasnachadh: ceistean stèidhichte air Tagsonomaidh Bloom agus air sgeulachdan a’ chruinneachaidh, a leasaicheas sgilean èisteachd is labhairt agus sgilean smaoinichaidh.

Cùl-fhiosrachadh:

mu dheidhinn sgeulachdan traidiseanta

Annas a' chruinneachadh seo thug Stòrlann agus CCEA còmhla diofar sgeulachdan à diofar cheàrnaidhean dhen t-saoghal. Chithear gu bheil na diofar sgeulachdan coltach ri chèile ann an diofar dhòighean, ach 's e an rud a th' aca uile sa chumantas, gur ann bho bheul-aithris a thàinig iad.

'S ann mar as trice tro bhith a' sgrìobhadh agus a' leughadh, agus uaireannan a' craoladh, a bhios cultaran mòra an t-saoghail a' cruthachadh agus a' roinn sgeulachdan an-diugh. Tha sgrìobhadh agus leughadh cuimseach ùr ann an eachdraidh an duine, ge-tà, agus tha craoladh buileach ùr. Tha sgeulachdan gu math nas sine na litrichean is faclan sgrìobhte, agus gu math nas sine na telebhisean is film. Mus robh guth air craoladh is mus robh sgrìobhadh is leughadh cumanta am measg an t-sluaigh, bhiodh sgeulachdan aig daoine air an teanga agus bhiodh iad gan cumail beò mar sin, mar ghibht a bhiodh air a thoirt bho ghinealach gu ginealach – gibht a bha gach cuid mar chur-seachad tlachdmhor is mar dhòigh air eòlas is fiosrachadh cultarach a chlàradh 's a chumail air chuimhne.

Thàinig leughadh is sgrìobhadh do dhiofar choimhearsnachdan aig diofar amannan. Chan eil e air chomas do dheagh chuid de mhuintir Afraga, mar eisimpleir, an cànan màthaireil a leughadh no a sgrìobhadh chun an latha an-diugh. Mar as laige a tha leughadh is sgrìobhadh am measg luchd-labhairt cànan sam bith, 's ann as treasa a bhios, mar as trice, beul-aithris sa chànan sin. Bhon nach robh an aon chothrom aig luchd-labhairt na Gàidhlig air leughadh Gàidhlig ionnsachadh san sgoil 's a bh' aca air leughadh sa Bheurla, bha beul-aithris na Gàidhlig fhathast gu math làidir suas chun na 20mh linne; 's e telebhisean a bhios mar as trice ga choireachadh le eòlaichean airson lagachadh beul-aithris sa chànan nuair a thàinig e anns na 50an is 60an.

Tha beul-aithris an-diugh na chuspair oilthigh agus tha tòrr rannsachaidh ri fhaotainn mu dheidhinn. Seo cuid de na feartan as cudromaiche a th' aig sgeulachdan traidiseanta air an fhiach smaointinn ann a bhith a' dealbh obair do sgoilearan stèidhichte orra:

- Gach turas a bhios sgeulachd air a h-innse, agus gu sònraichte nuair a bhios i air a h-innse le neach eadar-dhealaichte, bidh i ag atharrachadh. Bidh sinn a' bruidhinn air diofar dhreachdan dhen aon sgeulachd. 'S e cnàmhan na sgeulachd as cudromaiche, agus mar as trice cha bhi na cnàmhan ag atharrachadh, ach bidh a' chainnt is tòrr rudan beaga eile.

- Gheibhear dreachdan de chuid de sgeulachdan ann an diofar àiteachan, is uaireannan ann an diofar dhùthchannan. 'S e 'gnè sgeulachd' a chanar riutha seo. Tha grunnan eòlaichean air liostaichean is siostaman a dhèanamh gus na diofar ghnèithean a chlàradh – 's e am fear as ainmeile siostam Aarne-Thompson, a tha a' toirt àireamh do gach gnè. Mar eisimpleir, tha an sgeulachd air a bheil sinn eòlach ann an Alba mar 'MacCodruim nan Ròn', sa bheil boireannach a th' air chomas tionndadh na ròn a' pòsadh agus mu dheireadh a' fàgail fear a tha a' fuireach air tìr a-mhàin, air a chlàradh ann an siostam Aarne-Thompson mar AT400. Tha sgeulachdan eile, leis an aon àireimh a' nochdadh ann an dùthchannan eile ach an sin tha na boireannaich air chomas tionndadh nan ealachan no nan eòin eile.
- Tha cuid a' creidsinn gu bheil sgeulachdan de ghnèithean eadar-nàiseanta a' toirt dealbh dhuinn air ceistean mòra a bha a-riamh air inntinn an duine. Mar eisimpleir, canaidh cuid gu bheil AT400 ('MacCodruim nan Ròn' agus mar sin air adhart) a' toirt rabhadh nach bu chòir do dh'fhear no bean pòsadh taobh a-muigh na treubh aige no aice fhèin. Tha cuid eile a' creidsinn gu bheil teachdaireachd aig an sgeulachd mu chòraichean mhnathan agus mu chumhachd ann am pòsadh.
- Anns a' chruinneachadh seo tha eisimpleirean de ghnèithean sgeulachd bho chòrr is aon àite agus gabhaidh coimeas a dhèanamh eatarra:
MacCodruim nan Ròn/A' Mhaighdeann-mhara (AT 400)
Leth-cheannach Nighean a' Chait/Ceamach na Luaithe Buidhe (AT 501-A, air a bheil Cinderella sa Bheurla)
- San aon dòigh sa bheil an aon gnè sgeulachd ri lorg air feadh an t-saoghail, tha eileamaidean am broinn sgeulachdan cuideachd rin lorg. Anns a' chruinneachadh seo tha na h-aon eileamaidean rin lorg ann an còrr is aon sgeulachd, mar eisimpleir tha na gillean gan tionndadh nam fithich anns 'Na Trì Lèintean Canaich' agus tha nighean Rìgh Lochlainn ga tionndadh na h-eala ann an 'Dubh a' Ghiuthais'.
- Chan eil 'ùghdar' aig a' mhòr-chuid de sgeulachdan ann am beul-aithris. Uaireannan, nuair a tha 'ùghdar' ga ainmeachadh tha e doirbh a ràdh an ann dha-rìribh leis an duine sin a tha an sgeulachd. San aon dòigh tha e doirbh a ràdh dè dìreach a tha 'fior' ann an sgeulachd agus dè nach eil. Ghabhadh beachdachadh air a' cheist seo le bhith a' coimhead air 'Dubh a' Ghiuthais', 'Mo-chua agus na Trì Seòid' agus 'Labhraidh Loingseach.' Tha eileamaidean de sgeulachdan eile ann an 'Dubh a' Ghiuthais' agus 'Labhraidh Loingseach' agus chan eil e coltach gur e an fhìrinn ghlan a th' anna idir.

Bu chòir a bhith mothachail gun deach na sgeulachdan anns a' chruinneachadh aig Stòrlann a sgrìobhadh a dh'aon-ghnothaich airson a bhith air an leughadh ann an leabhar. Chan eil iad, mar sin, buileach coltach ri dreachdan a gheibhear ann am beul-aithris, me air an làraich-lìn aig Tobar an Dualchais. Tha na cnàmhan uile ann ge-tà!

Ceanglan inntinneach:

<http://www.surlalunefairytales.com>

Làrach a tha a' toirt còmhla dhreachdan eadar-nàiseanta de dhiofar sgeulachdan.

http://en.wikipedia.org/wiki/Aarne%E2%80%93Thompson_classification_system#Wife_400-424

Tuilleadh mu shiostam Aarne-Thompson.

www.tobarandualchais.co.uk

Sgeulachdan is beul-aithris eile bho Sgoil Eòlais na h-Alba, Urras Nàiseanta na h-Alba is BBC Alba.

Tagsonomaidh Bloom

Tha ceasnachadh èifeachdach cudromach ma tha sinn airson clann a chuideachadh gu tuigse dhomhainn fhaighinn air cuspair sam bith. Cuideachd tha an Curraicealam airson Sàr-Mhathais a' moladh gum faigh clann cothrom na sgilean smaoinichaidh aca a leudachadh.

Tha goireasan fìor mhath ri fhaighinn air an eadar-lìon le eisimpleirean airson gach cuspair anns a' churraicealam.


<http://www.teachers.ash.org.au/researchskills/dalton.htm>

<http://eduscapes.com/tap/topic69.htm>

<http://www.kurwongbss.eq.edu.au/thinking/Bloom/blooms.htm>

http://www.cap.nsw.edu.au/teachers/tech_based_resources/MI_pages/INDEX.HTM

Tha ceistean stèidhichte air Tagsonomaidh Bloom (*Benjamin Bloom's Taxonomy of Educational Objective, 1956*) an cois gach sgeulachd a chuidicheas gus tuigse nan sgoilearan a thoirt gu ìre nas àirde, agus a bhrosnaicheas na sgilean smaoinichaidh aca. Tha sia diofar sheòrsaichean ann: **a' cuimhneachadh**, **a' tuigsinn**, **a' cur gu feum**, **a' dèanamh anailis**, **a' luachadh** agus **a' cruthachadh**.



Mar a dh'fhàsas sgoilearan eòlach air cruth nan ceistean, faodar ceistean a chruthachadh ann an diofar shuidheachaidhean anns an sgoil agus a-mach às an sgoil. Seo eisimpleirean:

A' CUIMHNEACHADH

An urrainn dhut cuimhneachadh...?

A bheil cuimhne agad cò, dè, cùin, càit, carson, ciamar...?

An urrainn dhut dealbhachadh...?

Cò no dè na prìomh...? Dèan liosta de 3...

An dearbh-aithnich thu...?

Cuin, carson, ciamar...?

Ciamar a mhìnichadh tu/ a shealladh tu / a bheireadh tu cunntas air...?

Dè na facail a chleachdadh tu...?

Am b' urrainn dhut taghadh...?

A' TUIGSINN

Ciamar a chanadh tu sin nad fhacail fhèin?

Ciamar a dhèanadh tu coimeas/eadar-dhealachadh eadar...?

Dè na facail/cunntasan a tha toirt taic no a' fìrinneachadh...?

Ciamar a dhèanadh tu geàrr-chunntas...?

Dè na beachdan no na facail a tha a' sealltainn...?

Dè tha thu a' smaoinneachadh a tha a' dol a thachairt?

Am mìnich thu dè tha e a' ciallachadh le...?

Am mìnich thu dè tha a' tachairt? Agus carson?

Dè an fhreagairt as fheàrr? Agus carson?

A' CUR GU FEUM

Dè na h-eisimpleirean a lorgas tu airson...?

Am mìnich thu dè tha a' tachairt? Agus carson?

Ciamar a chuireadh tu na dh'ionnsaich thu gu feum le...?

Ciamar a chuireadh tu air dòigh... airson sealltainn...?

Dè na pàirtean a bhiodh tu airson atharrachadh?

Dè na ceistean a dh'fhaighnicheadh tu ann an agallamh còmhla ri...?

Dè a thachradh nan(m).../ a' bhuil a bhiodh aig...?

Ciamar a chleachdadh tu...?

Ciamar a lorgadh tu... / a leasaicheadh tu.../ a gheibheadh tu fuasgladh air ...
a' cleachdadh na dh'ionnsaich thu?

Ciamar/Carson is e ... eisimpleir de...?

Ciamar a shealladh tu tuigse air...?

Dè am fiosrachadh a thaghadh tu airson sealltainn...?

A' DÈANAMH ANAILIS

Ciamar a tha.... air a chur an gnìomh?

An urrainn dhut obrachadh a-mach dè an cruth a bhiodh air ...?

Ainmich na pàirtean/na comharran de ..?

Dè an ceangal a tha eadar?

Dè an cuspair ...?

An urrainn dhut am fiosrachadh cudromach a sheòrsachadh bhon fhiosrachadh
nach buin ris a' ghnothach?

Dè an dearbhadh a th' agad gu bheil ...?

Dè na pàtrain a tha thu a' faicinn ann an...?

Ciamar a sheòrsaicheadh/chuireadh tu... am buidhnean/rionneadh tu...?

Ciamar a shealladh tu ionannachd no eadar-dhealachadh?

Dè an co-dhùnadh chun an tàinig thu?

A' LUACHADH

Dè am fiosrachadh a chleachdadh tu airson taic a chur ri ...?

Thoir iomradh air na dh'ionnsaich thu airson mìneachadh...

Dè cho cudromach 's a tha...?/ Dè an luach a th' air...?

Dearbh gu bheil /Dearbh na bhreug nach eil...

Am biodh e na b' fheàrr nam/nan...?

Dè do bheachd-sa air...?

Carson a thagh iad (na caractaran)...?

Dè an luach a chuireadh tu air...?

Dè mholadh tu ...?

Dè na rudan as cudromaiche nad bheachd-sa...?

A bheil thu ag aontachadh leis na rinn...?

Dè an argamaid a th' agad airson agus an aghaidh...?

A' CRUTHACHADH

Dè an càirdeas a tha eadar ...?

An urrainn dhut dòigh ùr innleachd airson...?

An urrainn dhut dòigh nas fheàrr/dòigh eadar-dhealaichte a mholadh airson...?

An dèan thu ro-innse air dè a' bhuil a bhiodh aig...?

An cruthaich thu foirmle airson teòiridh airson...?

An can thu tuilleadh mu dheidhinn an adhbhair a...?

Ciamar a dh'atharraicheadh tu... airson diofar... a chruthachadh

Ciamar a dh'fhìrinneachadh tu/ dhèanadh tu deuchainn air...?

Nam b' urrainn dhut... dè a dhèanadh tu...?

Mochua agus na Trì Seòid



Cnàmhan na Sgeulachd

Tha Mochua na mhanach ann an Èirinn ri linn Chaluim Chille. Tha trì 'Seòid' aige - coileach, luchag is cuileag.

Bidh na Seòid a' dèanamh rudan dha, uile co-cheangailte ri chreideamh. Nuair a bhàsaicheas na Seòid, tha Mochua glè bhrònach agus tha e ag innse do Chalum Cille mun deidhinn ann an litir.

Tha Calum Cille ag innse do Mhochua nach eil an call cho mòr sin oir cha robh na Seòid cho prìseil 's a tha Mochua a' saolsinn.

Mun an sgeulachd

Nochd 'Mochua agus na Trì Seòid' anns an leabhar 'Eachdraidh na h-Èireann', a sgrìobh Seathrún Céitinn (Geoffrey Keating) timcheall air a' bhliadhna 1634. Tha Seathrún a' cumail a-mach gur e eachdraidh dha-rìribh a th' ann, ach tha e a cheart cho coltach nach eil stèidh fhìrinneach aice idir.

Ann an Gàidhlig na h-Èireann 's e 'cuileag' am facal a thathar a' cleachdadh airson 'cursor' leis mar a tha a' chuileag aig Mochua a' cumail àite ann an leabhraichean anns an sgeulachd seo.

Beachdan air rudan a ghabhas dèanamh sa chlas:

- Bruidhinn air an sgeulachd mar 'eachdraidh'. An dùil an e aithris fhìrinneach a th' ann?
- Chaidh an sgeulachd a chlàradh le Seathrún Céitinn timcheall air a' bhliadhna 1634. Dè an aois a bha an sgeulachd an uair sin? (Cleachd an t-eadar-lìon no leabhraichean airson faighinn a-mach cuin a bha Calum Cille beò). An dùil ciamar a fhuair Seathrún Céitinn an sgeulachd?
- Coimhead air Leabhar Cheannanais is leabhraichean eile bho linn Mhochua agus dèan an leabhar agaibh fhèin mu Mhochua - cleachd pàtrain is sgrìobhadh Ceilteach
- Faigh a-mach tuilleadh mu bheatha mhanach is beatha Chaluim Chille.



Mochua agus na trì Seòid

A' Cuimhneachadh

- A bheil cuimhne agad cò na Trì Seòid a bh' aig Naomh Mochua?
- Cò a' chiad bheathach a bha Naomh Mochua a' faicinn gach là?

A' Tuigsinn

- Ciamar a chanadh tu nad fhacail fhèin “Cha robh suim aig Naomh Mochua do dh'airgead?”
- Dè na facail a tha a' toirt taic don bheachd gun robh obair shàraichte aig Mochua?

A' Cur gu Feum

- An urrainn dhut mìneachadh na dh'ionnsaich thu mu bheatha manaich ?
- Dè na ceistean a dh'fhaighnicheadh tu ann an agallamh cuide ri Naomh Mochua?

A' Dèanamh Anailis

- Carson a sgrìobh Mochua gu Calum Cille?
- Dè an cuspair a bhiodh Mochua a' leughadh agus a' sgrìobhadh mu dheidhinn?

A' Luachadh

- Nad bheachd-sa, an e duine glic, no duine gòrach, a bha ann am Mochua?
- Carson a thagh Mochua trì beathaichean mar charaidean?

A' Cruthachadh

- Dè na beathaichean eile a dh'fhaodadh Mochua fhaighinn airson a chuideachadh?
- Ciamar a chuidicheadh tu fhèin Mochua?



A' Mhaighdeann-Mhara



Cnàmhan na Sgeulachd

Tha fear a bhios a' cuartachadh cladaich a' faicinn boireannach a' tighinn às a' mhuir. Tha i a' toirt dhith cleòca agus a' coiseachd air falbh.

Tha an duine a' goid a cleòca. Tha i ag iarraidh air a thoirt air ais ach tha e a' dèanamh sùgradh rithe ann an dòigh cho laghach 's gu bheil i ag aontachadh fuireach cuide ris. Tha iad a' pòsadh agus tha clann aca.

Tha an duine a' falach cleòca a mhnà fon tughadh agus aon latha tha fear dhen chloinn ga lorg an sin.

Tha a bhean a' teicheadh air ais don mhuir.

Mun an sgeulachd

Coltach ri 'Mac Codruim nan Ròn,' tha an sgeulachd seo de sheòrsa a gheibhear air feadh an t-saoghail – boireannach a bhuineas don uisge no don adhar agus as urrainn a cruth atharrachadh gus an tig i beò air talamh (AT 400). Ma phòsas i fear a bhuineas don talamh a-mhàin, feumaidh i roghainn a dhèanamh eadar an dà shaoghal.

Tha cuid a' creidsinn gu bheil an sgeulachd mar rabhadh mu bhith a' pòsadh taobh a-muigh treubh no coimhearsnachd. Tha cuid eile a' smaointinn gu bheil mòran aice ri ràdh mu bheatha mhnathan.

Tha an dreachd Gaeilge air an sgeulachd co-cheangailte ris na dreachdan a th' ann an Alba agus ann an Lochlann. Tha cuid mar sin a' smaointinn gur dòcha gur ann air bilean nan Lochlannach a chaidh a sgaoileadh leis mar a bha iadsan a' tadhal air na sgìrean sin uile gu tric.

Beachdan air rudan a ghabhas dèanamh sa chlas:

- (Ma tha sibh air barrachd dhen chruinneachadh a leughadh) A bheil an sgeulachd coltach ri sgeulachd sam bith eile sa chruinneachadh? Dè na dòighean sa bheil an dà sgeulachd coltach ri chèile? Dè na h-eadar-dhealachaidhean a th' eatarra? Dè cho cudromach 's a tha iad seo?
- Mìnich mu na h-àiteachan sa bheil an sgeulachd seo ri faighinn. A bheil na sgoilearan a' faicinn ceangal eatarra?
- A bheil na sgoilearan a' smaointinn gun do rinn a' mhaighdeann-mhara an rud ceart le bhith a' fàgail an teaghlaich 's a' tilleadh dhan mhuir?

A' Mhaighdeann-Mhara

A' Cuimhneachadh

- Ciamar a bha Liam a' cosnadh airgead?
- Cò dh'inns dhan mhaighdinn-mhara far an robh a cleòca?

A' Tuigsinn

- Ciamar a dhèanadh tu coimeas eadar an sgeulachd seo agus MacCodrum nan Ròn?
- Carson a dh'fhalbh a' mhaighdeann-mhara nuair a fhuair i lorg air a cleòca?

A' Cur gu Feum

- Dè na facail a chleachdadh tu airson sealltainn mar a bha a' mhaighdeann-mhara a' faireachdainn aig deireadh na sgeòil?
- Ciamar a tha fios agad nach robh Liam airson gun tilleadh a' mhaighdeann-mhara don mhuir?

A' Dèanamh Anailis

- Ciamar a tha an duine anns an sgeulachd seo eadar-dhealaichte bho no coltach ris an duine ann am MacCodrom 's na Ròin?
- Ciamar a bhiodh clann na mhaighdinn-mhara a' faireachdainn mu dheidhinn na mara, nan creagan 's a' chladaich nad bheachd-sa?

A' Luachadh

- A bheil thu ag aontachadh ris na rinn Liam?
- Carson a tha thu a' smaoinichadh a tha sgeulachdan mar seo a' nochdadh ann an sgìrean faisg air a' mhuir?

A' Cruthachadh

- Ciamar a dh'atharraicheadh tu deireadh na sgeulachd gus nach biodh e cho brònach?
- Nam b' urrainn dhutsa do chumadh atharrachadh agus a bhith nad bheathach, dè am fear a thaghadh tu agus carson?



Labhraidh Loingseach



Cnàmhan na sgeulachd

Tha Rìgh ann an Èirinn, Labhraidh Loingseach, a tha a' cleith sgeul-rùin uabhasach. Aon turas gach bliadhna bidh e a' cur a dh'iarraidh gille a ghearras fhalt dha. Chan fhaicte an gille sin a-chaidh tuilleadh.

Aon bhliadhna tha Labhraidh a' cur a dh'iarraidh mac banntaich agus tha a' bhanntrach ag iarraidh air gun a mac a mharbhadh. Tha e ag aontachadh, ach tha e ag ràdh nach fhaod an gille innse do dhuine beò mun rud a chì e ann an dùn an rìgh.

Tha an dìomhaireachd seo a' laighe air a' ghille agus tha e a' fàs tinn. Tha draoidh a' toirt air an sgeul-rùin innse do chraobh agus tha e air a shlànachadh. 'S e an sgeul-rùin gu bheil cluasan aiseil no eich air an rìgh.

Tha clàrsair an rìgh a' cur feum air clàrsach ùr agus tha an rìgh a' leagail na craoibhe dhan an do dh'inns an gille an sgeul-rùin. Aig cuirm san dùn tha a' chlàrsach a' seinn gu bheil cluasan aiseil air an rìgh.

Mun an sgeulachd

Nochd 'Labhraidh Loingseach' anns an leabhar 'Eachdraidh na h-Èireann', a sgrìobh Seathrún Céitinn (Geoffrey Keating) timcheall air a' bhliadhna 1634, anns an do nochd 'Mochua agus na Trì Seòid' cuideachd. Tha Seathrún a' cumail a-mach gur e eachdraidh dha-rìribh a th' ann ach tha e a' cheart cho coltach gu bheil measgachadh ann de:

1. Iomradh air Labhraidh Loingseach, duine a bha 's dòcha na rìgh o chionn fhada ann an Èirinn agus a chuir seachad beagan ùine san Fhraing na òige agus
2. sgeulachd nan cluasan aiseil, a tha de sheòrsa eadar-nàiseanta. Tha i cuideachd ga h-innse, mar eisimpleir, mu Rìgh Midas.

Beachdan air rudan a ghabhas dèanamh sa chlas:

- Bruidhinn air an sgeulachd mar 'eachdraidh'. An dùil an e aithris fhìrinneach a th' ann?
- Chaidh an sgeulachd a chlàradh le Seathrún Céitinn timcheall air a' bhliadhna 1634. An dùil dè an aois a bha an sgeulachd an uair sin? (Chan eil freagairt shoilleir air a' cheist sin!)
- Stèidhich pìos dràma air an sgeulachd, agus dèan suas òran a sheinneas clàrsach Chraiftine.

Labhraidh Loingseach

A' Cuimhneachadh

- Dè bha a' tachairt don neach a ghearradh falt an rìgh?
- Carson a bha cliù aig Labhraidh Loingseach anns an Fhraing?

A' Tuigsinn

- Carson a dh'fhàs mac na banntraich bochd às dèidh falt an rìgh a ghearradh?
- Carson is e craobh-sheilich a thagh iad airson clàrsach ùr a dhèanamh?

A' Cur gu Feum

- Dè am fiosrachadh a thaghadh tu airson sealltainn an seòrsa beatha a bh' aig rìghrean anns na seann làithean?
- Dè na h-eisimpleirean as urrainn dhut a lorg de dh'ionnsramaidean dèanta à fiodh?

A' Dèanamh Anailis

- Dè na prìomh chuspairean a tha anns an sgeulachd seo?
- Dè an dearbhadh a th' agad nach e sgeulachd fhìor a th' ann?

A' Luachadh

- Carson a thagh an Rìgh, a bha na dhuine mòr, treun, gun deigheadh an duine a ghearradh fhalt gach bliadhna a chur gu bàs?
- An robh e air a bhith na b' fheàrr nan robh an gille air sgrìobhadh sìos na chunnaic e, no air dealbh a dhèanamh an àite innse do chraobh?

A' Cruthachadh

- Nam biodh tusa air comhairle a thoirt dhan a' ghille, dè bhiodh tu air cantainn ris?
- An urrainn dhut smaoinichadh air dòigh nas fheàrr anns an cumadh an Rìgh na cluasan aige am falach?



Oisean às dèidh na Fèinne



Cnàmhan na Sgeulachd

Tha Oisean, mac Fhinn MhicCumhaill, a' pòsadh Niamh, bana-phrionnsa à Tìr nan Òg (a bha coltach ri Nèamh ann an seann chreideamhan Èireannach). Nuair a dh'fhalbhas iad a Thìr nan Òg às dèidh na bainnse, tha fhios aig Oisean nach fhaod e tilleadh a dh'Èirinn gu bràth.

Tha Oisean a' fàs brònach oir tha e ag ionndrainn a chàirdean. Tha Niamh a' gabhail truas ris agus a' toirt dha each air iasad a th' air chomas siubhal eadar Tìr nan Òg is Èirinn. Tha i ag innse dha nach fhaod e thighinn far an eich, oir ma chuireas e cas air talamh ann an Èirinn, chan fhaigh e air tilleadh a Thìr nan Òg. Nuair a ruigeas Oisean Èirinn, tha e a' tuigsinn gu bheil tòrr a bharrachd ùine air a dhol seachad an sin na tha ann an Tìr nan Òg. Tha a chàirdean a-nis air falbh.

Air an t-slighe air ais a Thìr nan Òg tha Oisean a' faicinn grunnan dhaoine a' feuchainn ri clach mhòr a thogail. Tha e ag iarraidh an cuideachadh, ach nuair a dh'fheuchas e, 's ann a thuiteas e far an eich. Tha e a' fàs sean is crìon anns a' bhad.

Tha na daoine a' cur a dh'iarraidh manach a bheannaicheas Oisean - Naomh Pàdraig. Tha Oisean a' bàsachadh.

Mun an sgeulachd

Gheibhear an sgeulachd seo - agus tòrr sgeulachdan eile mu Fhianna Fhinn MhicCumhaill ann an Alba agus Èirinn. Tha roghainnean agus 'deuchainnean' (me far nach fhaod neach bruidhinn, no seasamh air talamh no eile) nan ìomhaighean cumanta ann am beul-aithris.

Beachdan air rudan a ghabhas dèanamh sa chlas:

- Cleachd an t-eadar-lìon no leabhraichean airson barrachd fhaighinn a-mach mu Fhionn agus na Fianna
- Inns an sgeulachd a-rithist tro shùilean Oisein no Niamh.

Oisean às dèidh na Fèinne Èirinn

A' Cuimhneachadh

- An urrainn dhut innse cò ris a bha Tìr nan Òg coltach?
- Carson nach fhaigheadh Oisean air ais gu Tìr nan Òg?

A' Tuigsinn

- Ciamar a dhèanadh tu coimeas eadar an saoghal seo agus Tìr nan Òg?
- Dè na facail a tha a' sealltainn nach robh Oisean cho toilichte 's a bha dùil aige ann an Tìr nan Òg?

A' Cur gu Feum

- Am b' urrainn dhut dealbh a dhèanamh de Thìr nan Òg?
- Inns nad fhacail fhèin ciamar a bha saoghal Oisein air atharrachadh on dh'fhalbh e.

A' Dèanamh Anailis

- An e àite math no àite dona a bha ann an Tìr nan Òg? Dè an co-dhùnadh chun an tàinig thu?
- Dè an ceangal a tha eadar Oisean agus Rip van Winkle?

A' Luachadh

- Dè chòrdadh riut/nach còrdadh riut mu Thìr nan Òg?
- A bheil thu ag aontachadh ris na rinn Oisean nuair a chaidh e gu Tìr nan Òg?

A' Cruthachadh

- Ciamar a dh'atharraicheadh tu an sgeulachd airson crìoch eadar-dhealaichte a chruthachadh?
- An urrainn dhut ro-innse ciamar a bhiodh beatha Oisein air a bhith ann an Tìr nan Òg mura biodh e air tuiteam far an eich?



Ceamach na Luaithe Buidhe



Cnàmhan na sgeulachd

Tha bean duine-uasail air bàsachadh. Tha esan a' pòsadh bantrach aig a bheil dithis nighean agus tha iadsan uile ag eudachd ri nighean an duine-uasail. Tha iad a' toirt oirre cadal anns an luaith agus mar sin 's e Ceamach na Luaithe Buidhe a th' aig daoine oirre.

Aon latha tha an duine-usal a' cantainn ris a' chlann-nighean gun toir e dhachaigh preusantan dhaibh uile. Tha nighean na bantraich ag iarraidh rudan daora, ach chan eil a nighean fhèin ag iarraidh ach geug craoibhe. Tha i a' cur na craoibhe ann an uaigh a màthar agus tha craobh a' fàs an sin. Tha calman a' tighinn a neadachadh sa chraoibh agus nì e rud sam bith a dh'iarras an nighean air.

Tha mac an Rìgh a' sireadh bean. Tha a' bhantrach agus na h-inghean aice a' dol gu bàl a tha e a' cumail agus cha leig iad le nighean an duine-uasail a dhol ann gus an tog i cròglach phònairean às an luaith, tè mu seach.

Tha an calman a' cuideachadh na h-inghe agus tha a' chraobh a' toirt dhi aodach. Tha i a' dol chun a' bhàil agus tha mac an Rìgh a' tuiteam ann an gaol rithe ach chan inns ise dha cò i agus tha i a' teicheadh. Tha dà bhàl eile gan gairm agus gach turas tha nighean an duine-uasail a' dol ann le gùn on chraoibh agus a' teicheadh ro mheadhan-oidhche. Air an treas oidhche tha i a' call a bròige.

Tha am prionnsa a' tighinn gu taigh an duine-uasail leis a' bhròig. Tha a' chiad leas-phiuthar a' gearradh dhith a h-òrdaig gus an tèid i oirre agus tha iad a' falbh don eaglais a phòsadh, ach tha an calman a' seinn òran a tha ag innse dha nach eil a' bhròig fiot dhi. Tha an dàrna leas-phiuthar a' gearradh dhith a sàil agus tha a h-uile sion a' tachairt mar an ceudna. Mu dheireadh tha am prionnsa ag aithneachadh nighean an duine-uasail agus tha iad a' pòsadh.

Mun an sgeulachd

Coltach ri Leth-cheannach Nighean a' Chait, seo dreachd air 'Cinderella'. 'S ann à Èirinn a tha i. Tha ìomhaigh 'a' ghnìomh nach gabh coileanadh' (na pònairean a dh'fheumas Ceamach na Luaithe Buidhe a thogail) cumanta ann am beul-aithris na Gàidhlig agus na Gaeilge, gu tric ann an sgeulachdan mu na sìthichean.

Beachdan air rudan a ghabhas dèanamh sa chlas:

- A bheil an sgeulachd seo coltach ri sgeulachd sam bith eile air a bheil a' chlann eòlach? Dèan liosta dhe na rudan a tha an aon rud agus na rudan a tha diofraichte san dà sgeulachd;
- (Ma tha sibh air barrachd dhen chruinneachadh a leughadh) A bheil an sgeulachd coltach ri sgeulachd sam bith eile sa chruinneachadh? Dè na dòighean sa bheil an dà sgeulachd coltach ri chèile? Dè na h-eadar-dhealaichean a th' eatarra? Dè cho cudromach 's a tha iad seo?
- Cleachd bathar-bog 'Kar2ouche' bho Stòrlann airson barrachd obrach a dhèanamh air sgeulachd 'Cinderella'
- Inns an sgeulachd a-rithist - ann an sgrìobhadh - tro shùilean tè dhe na leas-pheathraichean
- Dèan aghaidh-choimheach no dealbh de mhuime Ceamach na Luaithe Buidhe no de mhac an rìgh
- Thoir còmhla diofar ìomhaighean de Cinderella bho fhilmichean, leabhraichean, dealbhan-cluiche, dealbhan-cluiche phupaidean is eile. Dè an fheadhainn as fheàrr le na sgoilearan? Carson?

Ceamach na Luaithe Buidhe

A' Cuimhneachadh

- Carson a thug a' bhantrach fuath do nighean an duine bheirtich?
- Ciamar a fhuair Ceamach na Luaithe Buidhe a h-ainm?

A' Tuigsinn

- Ciamar a dhèanadh tu coimeas eadar Ceamach na Luaithe Buidhe agus a leas-pheathraichean?
- Dh'fhaighnich an duine beairteach dha na nigheanan dè bha iad ag iarraidh bhon mhargaidh. Dè an fhreagairt as fheàrr?

A' Cur gu Feum

- Dè na h-eisimpleirean as urrainn dhut a lorg airson sealltainn an ceangal eadar an sgeul seo agus Cinderella?
- Ciamar a dh'atharraicheadh tu am pàirt den sgeul far a bheil Ceamach na Luaithe Buidhe a' faighinn cuideachadh bhon chalman?

A' Dèanamh Anailis

- Ciamar a shealladh tu ionannachd no eadar-dhealachadh eadar an sgeul seo agus Leth-cheannach Nighean a' Chait?
- Carson nach do dh'iarr Ceamach na Luaithe Buidhe airson cuideachadh bho h-athair?

A' Luachadh


- Am biodh an sgeulachd seo na b' fheàrr nam biodh Ceamach na Luaithe Buidhe mì-mhodhail no a' sabaid ri a leas-pheathraichean?
- Dè do bheachd air a' phrionnsa anns an sgeulachd seo?

A' Cruthachadh

- Dè eile a dh'fhaodadh Ceamach na Luaithe Buidhe a chall, an àite bròg, airson deireadh eadar-dhealaichte a chruthachadh?
- Dè dhèanadh tusa ann an suidheachadh Ceamach na Luaithe Buidhe?



Fionn MacCumhaill agus Fuamhaire Mòr na h-Alba



Cnàmhan na sgeulachd

'S e fuamhaire a th' ann am Fionn MacCumhaill. Is esan an duine as motha ann an Èirinn agus 's e ceannard cudromach a th' ann. Chan eil eagal aige ro dhuine ach fuamhaire mòr eile a tha a' fuireach ann an Alba.

Tha Fuamhaire na h-Alba a' tighinn a dh'Èirinn, agus bhon a tha an t-eagal air Fionn, tha a bhean ga chur dhan chreathaill agus a' cur an ìre gur esan am mac aice fhèin is Fionn.

Tha Fuamhaire na h-Alba a' gabhail eagal a' bhàis oir tha an 'leanabh' cho mòr agus eagalach, agus tha e a' tilleadh air ais an taobh às an tàinig e.

Mun an sgeulachd

Tha iomadach sgeulachd mu Fhionn MacCumhaill ri fhaighinn ann an Alba is Èirinn. Tha ceangalan làidir eadar an sgeulachd seo agus Clachan an Fhuamhaire (The Giant's Causeway) ann an Èirinn.

Beachdan air rudan a ghabhas dèanamh sa chlas:

- Stèidhich pìos dràma air an sgeulachd
- Dèan dealbhan de Fhionn mar 'naoidhean' sa chreathaill
- Faigh a-mach tuilleadh mu Eilean Stafa agus Clochán na bhFómharach (Clachan an Fhuamhaire). Dè an seòrsa feart-tìre a th' anna?
- An dùil an e sgeulachd fhìrinneach a tha seo?

Fionn MacCumhail agus Fuamhaire Mòr na h-Alba

A' Cuimhneachadh

- Carson a bhiodh Fionn a' bìdeadh òrdaig?
- Càit a bheil Sruth na Maoile?

A' Tuigsinn

- An e Fionn no Fuamhaire na h-Alba a bu mhotha?
- An dèan thu geàrr-chunntas air mar a rinn Fionn a' chùis air Fuamhaire na h-Alba?

A' Cur gu Feum

- Dè am fiosrachadh a chleachdadh tu airson sealltainn cho mòr 's a bha Fuamhaire na h-Alba?
- Dè bhiodh air tachairt nam biodh Fionn air a dhol an coinneamh Fuamhaire na h-Alba?

A' Dèanamh Anailis

- Dè an seòrsa sgeulachd a tha seo? Eachdraidheil? Fiosrachail? Èibhinn? Ciamar a tha fios agad?
- Dè na prìomh chuspairean a tha anns an sgeulachd?

A' Luachadh

- Carson a tha an sgeulachd seo nas cumanta ann an Èirinn na ann an Alba?
- Dè cho cudromach 's a tha Bean Fhinn anns an sgeulachd seo?

A' Cruthachadh

- An urrainn dhut dòigh nas fheàrr a mholadh airson a char a thoirt à Fuamhaire na h-Alba?
- Nam b' urrainn dhut, ciamar a dhèanadh tu sìth eadar an dà Fhuamhaire gus am biodh iad rèidh?



Àireamh muinntir Fhinn is Dhubhain



Cnàmhan na sgeulachd

Tha Fionn is Dubhan air bòrd bàta. Feumaidh iad am bàta aotramachadh le bhith a' cur an dàrna leth dhe na th' air bòrd a chur a-mach air a' chliathaich.

Leis mar nach eil duine seach duine aca airson na fir aige a leigeil seachad, tha nighean Dhubhain ag ràdh gun cuidich ise le bhith gan cur ann an cearcall is gan cunntadh a-mach air àireamh a naoi. Tha e ri thuigsinn gu bheil seo nas cothromaiche oir tha e gu math aocoltach gun gabh foill sam bith a dhèanamh mar sin.

Tha an rann a ghabhas i a' cur nam fear ann an òrdugh sònraichte agus chan eil e idir cothromach - 's e cuideachd a h-athar a tha a' dol leis a' chliathaich, oir tha sùil aice ann am Fionn.

Mun an sgeulachd

Tha an sgeulachd seo mar dhòigh air tòimhseachan matamataigeach a 'chur ann an co-theacs'. Tha sgeulachdan eile co-cheangailte ris an aon tòimhseachan ann an cultaran eile (me The Josephus Problem anns an Ròimh, Franciscans agus Calmoldensians san Roinn Eòrpa, na Leas-bhràithrean is Pheathraichean ann an Iapan).

Tha e gu math sean.

Beachdan air rudan a ghabhas dèanamh sa chlas:

- Cleachd an t-eadar-lìon gus barrachd fhaighinn a-mach mun Josephus Problem
- Feuch an geama le brògan dubha is geala, fir-tàilìs, clachan no eile
- Dèan fir-tàilìs
- Cleachd an t-eadar-lìon gus faighinn a-mach mu fhir-tàilìs Leòdhais, na fir-tàilìs ainmeil a fhuaradh ann an Ùig Leòdhais anns an 19 linn.

Àireamh muinntir Fhinn is Dhubhain

A' Cuimhneachadh

- An urrainn dhut cuimhneachadh cia mheud duine a bha air bòrd a' bhàta?
- Dè na facail a chleachdadh tu airson innse mar a bha muinntir Dhubhain a' faireachdainn anns a' bhàta nuair a thòisich nighean Dhubhain dhan cur leis a' chliathaich?

A' Tuigsinn

- Carson a bha nighean Dhubhain airson a h-athair a mharbhadh?
- An urrainn dhut mìneachadh dè tha “cha robh iad deònach gèilleadh” a' ciallachadh?

A' Cur gu Feum

- An urrainn dhut dealbh a dhèanamh de na fir nan suidhe anns a' bhàta?
- Dè bhiodh air tachairt mura biodh Fionn air Dubhan a shàbhaladh?

A' Dèanamh Anailis

- Carson a leig Fionn agus Dubhan le nighean Dhubhain taghadh cò na fir a chaidh leis a' chliathaich?
- A bheil thu den bheachd gur e sgeulachd fhìor a tha seo?

A' Luachadh

- Dè do bheachd air Fionn aig deireadh na sgeulachd nuair a shàbhail e Dubhan?
- An robh e air a bhith na b' fheàrr nan robh Fionn no Dubhan air taghadh cò shadadh iad dhan mhuir?

A' Cruthachadh

- Am b' urrainn dhutsa na daoine a chur nan suidhe gus an deigheadh a h-uile seachdamh duine leis a' chliathaich agus gum b' e muinntir Dhubhain a bhiodh annta uile?
- An urrainn dhut àite eile a mholadh far am faodadh an sgeulachd seo a bhith stèidhichte an àite air bòrd bàta?



Bodach an t-Sìlein Eòrna



Cnàmhan na Sgeulachd

Tha bodach a' falbh a dh'iarraidh an fhortain. Tha e a' togail sìlean eòrna agus ag iarraidh air na daoine anns an ath thaigh a chumail dha fad bliadhna.

Nuair a dh'itheas a' chearc aca an sìlean, tha am bodach a' toirt leis na circe agus ag iarraidh air na daoine anns an ath thaigh a cumail dha fad bliadhna.

Nuair a sheasas a' bhò aca sin air a' chirc, tha am bodach a' toirt leis na bà agus ag iarraidh air na daoine anns an ath thaigh a cumail dha fad bliadhna.

Nuair a leigeas an nighean-san leis a' bhoin bàthadh, tha am bodach a' toirt leis na h-ìghne ann am poca.

Tha an nighean a' teicheadh fhad 's a tha am bodach a' faighinn deoch uisge.

Tha am bodach a' tòiseachadh às ùr le sìlean eòrna eile.

Mun an sgeulachd

Tha an sgeulachd seo na measgachadh de 'sgeulachd tionalach' (far a bheil gach ceum a' togail air na ceumannan eile) agus sgeulachd mu dhuine a bhios ri clìcean.

Beachdan air rudan a ghabhas dèanamh sa chlas:

- A bheil na sgoilearan eòlach air sgeulachd sam bith eile a tha coltach ris an sgeulachd seo? (Tha i ga togail ann an dòigh a tha car coltach ri sgeulachdan Gàidhlig leithid 'Biorachan Beag is Biorachan Mòr' no feadhainn Bheurla leithid 'Henny Penny')
- Stèidhich pìos dràma air an sgeulachd
- Sgrìobh artaigil pàipeir-naidheachd (mas fhìor) mun a' bhodach agus a chuid chleasan! Coimhead air pàipearan-naidheachd an toiseach agus bruidhinn air na rudan a tha a dhìth – ceann-naidheachd, dealbh agus, glè thrìc – beachd gu math làidir air na daoine a tha an sàs san stòiridh is dè cho ceart no ceàrr 's a bha na rudan a rinn iad!

Bodach an t-sìleìn eòrna

A' Cuimhneachadh

- Dèan liosta de na rudan leis an do dh'fhalbh am bodach nuair a thill e chun nan taighean.
- Ciamar a tha fios againn gun robh am bodach leisg?

A' Tuigsinn

- Ciamar a bha dùil aig a' bhodach fhortan a dhèanamh le bhith a' fàgail sìlean eòrna?
- Dè na do bheachd-sa a bhiodh air tachairt nan robh an nighean air a bhith anns a' phoca?

A' Cur gu Feum

- An urrainn dhut mìneachadh dè bha am bodach a' dèanamh airson fhortan fhaighinn?
- Dè dh'fhaighnicheadh tu ann an agallamh dha na daoine a chaidh a mhealladh leis a' bhodach?

A' Dèanamh Anailis

- Dèan ceangal eadar a h-uile rud leis an do dh'fhalbh am bodach.
- Carson a bha am bodach a' fàgail nan nithean airson bliadhna?

A' Luachadh


- Dè am fiosrachadh a thaghadh tu airson sealltainn gur e duine gu math leisg a bha anns a' bhodach?
- Am biodh an sgeulachd seo na b' fheàrr nam b' e cailleach a bhiodh ann an àite bodach?

A' Cruthachadh

- An urrainn dhut an sgeulachd seo a chrìochnachadh ann an dòigh eadar-dhealaichte?
- Dè eile a dh'fhaodadh am bodach a bhith air lorg air an rathad an àite sìlean eòrna?



MacCodruim nan Ròn



Cnàmhan na sgeulachd

Feumaidh iasgair òg oidhche a chur seachad na aonar air eilean mara far a bheil e fhèin is fir eile air ròn a mharbhadh. Tron oidhche tha e a' faicinn ròn eile a' tighinn air tìr agus iad a' toirt dhiubh an seichean agus a' tionndadh nam boireannaich.

Tha an gille a' goid seiche tè dhe na boireannaich. Tha ise a' smaointinn gu bheil an t-seiche air a call agus bhon nach fhaigh i air ais don mhuir às a h-aonais, tha i a' pòsadh an iasgair. Tha gille beag aca.

Tha an t-iasgair a' gluasad na seiche eadar dà àite-falaich – fon chiad chruaich a nì e gach bliadhna gus am bi sin air a cleachdadh, is an uair sin fon tughadh gus am bi na cruachan air an dèanamh a-rithist an-ath-bhliadhna.

Aon bhliadhna tha an t-iasgair air falbh on taigh nuair a dh'fhalbhas a' ghaoth le pàirt dhen tughadh agus tha an gille beag a' lorg na seiche. Tha bean an iasgair a' tuigsinn gu bheil an t-iasgair air a mealladh agus tha i a' teicheadh air ais don mhuir.

Tha cuid ag ràdh gur iad Clann MhicCodruim sliochd na maighdinn ròn.

Mun an sgeulachd


Coltach ris 'A' Mhaighdeann-Mhara', tha an sgeulachd seo de sheòrsa a gheibhear air feadh an t-saoghail – boireannach a bhuineas don uisge no don adhar agus as urrainn a cruth atharrachadh gus an tig i beò air talamh (AT 400). Ma phòsas i fear a bhuineas don talamh a-mhàin, feumaidh i roghainn a dhèanamh eadar an dà shaoghal.

Tha cuid a' creidsinn gu bheil an sgeulachd mar rabhadh mu bhith a' pòsadh taobh a-muigh treubh no coimhearsnachd. Tha cuid eile a' smaointinn gu bheil mòran aice ri ràdh mu bheatha mhnathan.

Tha an dreachd Ghàidhlig air an sgeulachd co-cheangailte ris na dreachdan ann an Èirinn, ann am pàirtean eile de dh'Alba leithid Arcaibh is Sealltainn, agus ann an Lochlann. Tha cuid mar sin a' smaointinn gur dòcha gur ann air bilean nan Lochlannach a chaidh a sgaoileadh leis mar a bha iadsan a' tadhal air na sgìrean sin uile gu tric.

Beachdan air rudan a ghabhas dèanamh sa chlas:

- (Ma tha sibh air barrachd dhen chruinneachadh a leughadh) A bheil an sgeulachd coltach ri sgeulachd sam bith eile sa chruinneachadh? Dè na dòighean sa bheil an dà sgeulachd coltach ri chèile? Dè na h-eadar-dhealachaidhean a th' eatarra? Dè cho cudromach 's a tha iad seo?
- Mìnich mu na h-àiteachan sa bheil an sgeulachd seo ri faighinn. A bheil na sgoilearan a' faicinn ceangal eatarra?
- A bheil na sgoilearan a' smaointinn gun do rinn an nighean ròin an rud ceart le bhith a' fàgail Chodruim is athar? Carson?



MacCodruim nan Ròn

A' Cuimhneachadh

- Càit an robh an t-seiche aig a' mhaighdinn ròn am falach?
- Dè an obair a bha aig an iasgair as t-fhoghar agus as t-earrach?

A' Tuigsinn

- Carson a dh'fheumadh muinntir Uibhist ròn a shealg?
- Ciamar a chanadh tu nad fhacail fhèin "Chuir iad crann" ?

A' Cur gu Feum

- Dè na ceistean a dh'fhaighnicheadh tu dhan mhaighdinn ròn?
- Dè na h-eisimpleirean as urrainn dhut a lorg a tha a' toirt fiosrachadh dhut mu obair croitearachd?

A' Dèanamh Anailis

- Dè an dearbhadh a th' agad bhon sgeulachd seo gun robh muinntir nan eilean a' cur gu feum a h-uile dad a gheibheadh iad bho ròn?
- Ciamar a shealladh tu ionannachd no eadar-dhealachadh eadar an sgeulachd seo agus Sgeulachd na Maighdinn-mara?

A' Luachadh

- Carson a thagh an t-iasgair seiche an ròn a chumail air falach bho bhean?
- An robh e air a bhith na b' fheàrr nan robh an t-iasgair air innse dha bhean far an robh an seiche?

A' Cruthachadh

- Dè na beathaichean eile a bhiodh math nam fireannaich no nam boireannaich ann an sgeulachd?
- Dè na h-aislingean a tha thu a' smaoinichadh a bha aig bean an iasgair fhad 's a bha i a' fuireach air tìr?



Na Trì Lèintean Canaich



Cnàmhan na sgeulachd

Tha triùir mhac is nighean aig rìgh. Nuair a bhàsaicheas a bhean tha e a' pòsadh tè òg. An toiseach tha i fhèin agus a' chlann a' faighinn air aghaidh gu math, ach an uair sin tha bana-bhuidseach a' nochdadh a tha a' toirt oirre a bhith ag eudachd riutha.

Tha a' bhanrigh ùr a' cur na cloinne, duine mu seach, gu ruige taigh na bana-bhuidsich, na gillean an toiseach. Tha a' bhana-bhuidseach gan tionndadh nam fithich. Tha an nighean an amharas gu bheil rudeigin ceàrr agus tha ise a' faighinn air falbh.

Tha na bràithrean ag innse dhi gum feum i lèine a dhèanamh do gach duine aca de chanach an t-slèibhe airson an saoradh bho na geasan. Chan fhaod i bruidhinn gus am bi na lèintean deiseil.

Tha duine-uasal a' pòsadh na h-ighne ged nach urrainn dhi bruidhinn. Tha triùir chloinne aca ach tha gach leanabh ga ghoid goirid às dèidh dha bhith air a bhreith. Mu dheireadh thathar a' toirt air an duine-uasal aontachadh a bhean a losgadh oir thathar a' cumail a-mach gu bheil i air a' chlann a mhurt.

Mus urrainn dhaibh a losgadh, tha a bràithrean a' nochdadh leis a' chloinn. Tha i a' toirt dhaibh nan lèintean agus is urrainn dhi bruidhinn a-rithist.

Tha iad uile a' dol dhachaigh, far a bheil an athair air leabaidh a' bhàis. Tha e air a shlànachadh nuair a nochdas iad agus tha a' bhanrigh air a cur às an taigh.

Mun an sgeulachd

Tha an sgeulachd seo de sheòrsa a tha ri fhaotainn air feadh an t-saoghail (AT-451). Ann an diofar àiteachan tha sianar no seachdnar bhràithrean ann agus tha na lèintean air an dèanamh à deanntagan no diofar lusan.

Tha ceangal eadar an sgeulachd seo agus an sgeulachd ainmeil Èirinneach 'Clann Lìr'.

Beachdan air rudan a ghabhas dèanamh sa chlas:

- Lorg ‘Clann Lir’ air-loidhne agus dèan coimeas eadar an dà sgeulachd. Dè na rudan a tha an aon rud? Dè tha diofraichte?
- Faigh a-mach tuilleadh mu obair clòimhe – cuimhnich gu bheil ceangal sa Ghàidhlig eadar snìomh, luadh agus mar sin air adhart agus ceòl leithid òrain luaidh
- Faigh a-mach tuilleadh mu chanach an t-slèibhe.

Na Trì Lèintean Canaich

A' Cuimhneachadh

- Carson a chaidh a' bhanrigh òg ùr an aghaidh na cloinne?
- Ciamar a bheireadh tu cunntas air na bha aig an nighinn ri dhèanamh gus an saoradh i a bràithrean bho na geasan?

A' Tuigsinn

- Dè na facail a tha a' sealltainn nach robh earbsa aig an nighinn anns an Eachlair Ùrlair, nuair a chaidh i a lorg a bràithrean?
- An urrainn dhut mìneachadh carson a chaidh a' chlann a ghoid beagan ùine às dèidh am brèith?

A' Cur gu Feum

- Dè a' bhuil a bhiodh air an sgeulachd nam biodh an nighean air bruidhinn mus do chrìochnaich i na lèintean?
- Dè na h-eisimpleirean as urrainn dhut lorg airson sealltainn gur e an Eachlair Ùrlair a mhill a' bhanrigh òg?

A' Dèanamh Anailis

- Ciamar a shealladh tu ionannachd no eadar-dhealachadh eadar muime na cloinne agus an Eachlair Ùrlair?
- An e boireannach olc a bha ann am muime na cloinne? Dè an co-dhùnadh chun an tàinig thu?

A' Luachadh

- Fìrinn no breug, gur e balaich chòir a bha anns na bràithrean?
- Dè am fiosrachadh a chleachdadh tu airson cur taic ris a' bheachd gu bheil eagal air daoine ro nithean air nach eil tuigse aca?

A' Cruthachadh

- Ciamar a dh'atharraicheadh tu an sgeulachd?
- An urrainn dhut ro-innse dè a' bhuil a bhiodh air an sgeul nam biodh an nighean air bruidhinn ris an duine aice agus innse dè bha air tachairt dhi?

Dubh a' Ghiuthais



Cnàmhan na Sgeulachd

Tha Rìgh Lochlainn ag eudach ri coille mhòr na h-Alba agus tha e ag iarraidh a sgrìos.

Tha nighean Rìgh Lochlainn, Dònan, a' dol na h-isean mòr geal agus a' tighinn a dh'Alba a sgrìos na coille.

Tha Dònan a' losgadh na coille uile. Tha i a-nis dubh leis a' cheò agus mar sin tha muinntir na h-Alba a' toirt 'Dubh a' Ghiuthais' oirre.

Tha fhios aig muinntir na h-Alba gu bheil cridhe bog aig Dònan agus mar sin thathar a' cur stad oirre le bhith a' toirt nam beathaichean òga om màthraichean. Tha an onghail a tha sin ag adhbhrachadh a' toirt Dònan a-nuas gus am faigh iad air losgadh oirre.

Tha Dònan ga tiodhlacadh faisg air an Locha Bheag (Loch Bhraoin Bheag) agus thathar a' toirt 'Cill Dònan' air an àite.

Notaichean

Tha an sgeulachd seo a' 'mìneachadh' rudan àraid san t-saoghal – rud a bhios sgeulachdan gu tric a' dèanamh. Tha an tè seo a' mìneachadh carson a tha geugan is stocan craoibhe gan lorg ann am mòine.

Leis an fhìrinn chaidh Coille Mhòr na h-Alba a leagail le tuathanaich Linn na Cloiche oir bha feum aca air achaidhean don cuid bheathaichean agus airson rudan a chur. Bhiodh iad cuideachd a' losgadh nan craobhan. Ann am boglaichean is talamh fliuch eile chan eil mòran ogsaidean anns an ùir agus tha i searbh. Mar sin, cha bhi rudan mar stocan craoibhe a' lobhadh san dòigh àbhaistich agus bidh iad a' nochdadh sa mhòine. Tha mòine fhèin air a dèanamh à lusan is luibhean lobhte.

Tha an sgeulachd cuideachd a' toirt dhuinn rud ris an canar *folk etymology* – tha sin a' ciallachadh sgeulachd air cùl ainm-àite a bha, 's dòcha, a' dèanamh ciall dhaibhsan a chruthaich an sgeulachd, ach a tha sinne an-diugh a' smaointinn a tha ceàrr. Anns an eisimpleir seo tha e nas coltaiche gun robh 'Cill Dònan' air ainmeachadh mar chuimhneachan air manach no duine naomh eile, cleas Chill Donnain an Uibhist a Deas.

Beachdan air rudan a ghabhas dèanamh sa chlas:

- Bruidhinn air an sgeulachd mar ‘eachdraidh’. An dùil an e aithris fhìrinneach a th’ ann?
- Faigh a-mach tuilleadh mu mhòine
- Faigh a-mach tuilleadh mu na dh’èirich don Choille Mhòir a bha uair ann an Alba.

Dubh a' Ghiuthais

A' Cuimhneachadh

- Dè a' chraobh as àirde a bha fàs ann an Alba o chionn fhada?
- Carson a thàinig na Lochlannaich a dh'Alba?

A' Tuigsinn

- An urrainn dhut innse mar a bha na Lochlannaich a' lorg slighe tarsainn a' chuain?
- Ciamar a chanadh tu nad fhacail fhèin “bha Rìgh Lochlainn ag eudachd gu mòr”

A' Cur gu Feum

- Dè am fiosrachadh a th' agad mu dheidhinn Dònan a tha a' dearbhadh gur e bana-bhuidseach a bh' innte?
- An urrainn dhut mìneachadh carson a bha an Rìgh Lochlannach tinn?

A' Dèanamh Anailis

- Dè na craobhan eile a tha a' fàs ann an Alba?
- Dè na ceangalan as aithne dhut eadar Alba agus Tìr nan Lochlannach?

A' Luachadh


- Carson a thagh Dònan a bhith na h-isean mòr geal seach beathach sam bith eile?
- Thoir iomradh air na dh'ionnsaich thu mu eachdraidh Alba agus na Lochlannaich.

A' Cruthachadh

- Tha an sgeulachd seo ag innse dè thachair do choille mhòr na h-Alba. An urrainn dhut dòigh eile a chruthachadh airson cur às dhan a' choille?
- Nam biodh Alba fhathast lann chraobhan, dè a' bhuil a bhiodh aige seo air an dùthaich?



Leth-cheannach Nighean a' Chait



Cnàmhan na sgeulachd

Tha bean duine-uasail air bàsachadh. Tha esan a' pòsadh banntrach aig a bheil trìùir nighean agus tha iadsan uile ag eudachd ri nighean an duine-uasail. Nuair a dh'fhalbhas an duine-uasail don arm, tha iad a' dèanamh searbhanta dhith.

Tha mac Rìgh na Grèige a' sireadh bean. Tha a' bhantrach agus na h-ighnean aice a' dol gu bàl a tha e a' cumail, ach cha leig iad le nighean an duine-uasail a dhol ann.

Tha nighean an duine-uasail a' dol gu taigh bana-bhuidsich. Tha a' bhana-bhuidseach ga cur fo gheasaibh agus ga cur chun a' bhàil le gùn is each àlainn. Feumaidh i falbh ro mheadhan-oidhche ge-tà oir cha mhair a' gheasachd nas fhaide na sin.

Tha am prionnsa a' tuiteam ann an gaol ri nighean an duine-uasail ach chan eil fhios aige cò i agus tha i a' teicheadh ro dheireadh na h-oidhche. Mar sin tha e a' gairm bàl eile agus an uair sin bàl eile. Gach turas tha nighean an duine-uasail a' dol ann le cuideachadh on bhana-bhuidsich agus a' teicheadh ro mheadhan-oidhche. Air an treas oidhche tha i a' call a bròige.

Tha am prionnsa a' tighinn gu taigh an duine-uasail leis a' bhròig. Tha casan na ciad agus na dàrna leas-pheathar ro mhòr airson a dhol innte, ach tha an treas tè a' briseadh nan cnàmhan uile a tha na cois agus tha ise a' dèanamh a' ghnothaich. Air an t-slighe chun na h-eaglais, ge-tà, tha isean a' seinn òran a tha ag innse dha nach e an tè cheart a th' aige. Mu dheireadh tha am prionnsa a' lorg nighean an duine-uasail agus tha iad a' pòsadh.

Mun an sgeulachd

Seo dreachd Ghàidhlig air ‘Cinderella’ (AT 510A). Tha cuid a’ creidsinn gur ann à Sìona a thàinig Cinderella bho thùs, far an robhar a’ cur luach air casan beaga agus far am biodh iad a’ ceangal chasan nighean an beaga ann am brèidean gus nach fhàsadh iad mòr.

Beachdan air rudan a ghabhas dèanamh sa chlas:

- A bheil an sgeulachd seo coltach ri sgeulachd sam bith eile air a bheil a’ chlann eòlach? Dèan liosta dhe na rudan a tha an aon rud agus na rudan a tha diofraichte san dà sgeulachd.
- (Ma tha sibh air barrachd dhen chruinneachadh a leughadh) A bheil an sgeulachd coltach ri sgeulachd sam bith eile sa chruinneachadh? Dè na dòighean sa bheil an dà sgeulachd coltach ri chèile? Dè na h-eadar-dhealachaidhean a th’ eatarra? Dè cho cudromach ’s a tha iad seo?
- Cleachd bathar-bog ‘Kar2ouche’ bho Stòrlann airson barrachd obrach a dhèanamh air sgeulachd ‘Cinderella’
- Inns an sgeulachd a-rithist – ann an sgrìobhadh – tro shùilean tè dhe na leas-pheathraichean.
- Dèan aghaidh-choimheach no dealbh de Leth-cheannach Nighean a’ Chait.

Leth-cheannach Nighean a' Chait

A' Cuimhneachadh

- Dè na facail a chleachdadh tu airson dealbh a dhèanamh de Chailleach nan Cearc?
- Dè bha còir aig Cailleach nan Cearc a dhèanamh leis an airgead a fhuair i bhon an duine-usal?

A' Tuigsinn

- Carson a bha mac Rìgh na Grèige a' siubhal an t-saoghail?
- Ciamar a tha fios againn gur e bana-bhuidseach a bha ann an Leth-cheannach Nighean a' Chait?

A' Cur gu Feum

- An urrainn dhut mìneachadh carson nach biodh daoine a' leigeil le teintean a dhol bàs bho chionn fhada?
- Dè dh'ionnsaich thu mu èibhleagan agus teintean, agus ciamar a chuireadh tusa teine gu dol?

A' Dèanamh Anailis

- An urrainn dhut mìneachadh carson a tha daoine ann an sgeulachdan a' siubhal airson bliadhna agus là?
- Ciamar a gheibheadh Mac Rìgh na Grèige às a' Ghrèig gu Alba?


A' Luachadh

- Dè cho cudromach 's a bha teine anns na seann làithean?
- Carson a tha grunn sgeulachdan ann, ann an iomadh cultar air feadh an t-saoghail, far a bheil daoine bochda a' faighinn cuideachadh tro dhraoidheachd?

A' Cruthachadh

- Nam b' urrainn dhut aon character anns an sgeulachd atharrachadh, dè am fear a bhiodh ann agus carson?
- An urrainn dhut dòigh eadar-dhealaichte a mholadh airson crìoch a chur air an sgeul?

Moilidh Chalma



Cnàmhan na Sgeulachd

Feumaidh triùir pheathraichean a dhol a dh'iarraidh an fhortain. Tha am màthair a' tabhann dhaibh roghainn de bhonnach mòr le a mallachd no bonnach beag le a beannachd. Tha an tè as òige a' gabhail a' bhonnaich bhig agus na beannachd.

Tha na peathraichean as sine ag eudachd ris an tè as òige agus trì tursan tha iad a' feuchainn ri faighinn cuidhteas i, le bhith ga ceangal ri clach, ri craobh is ri cruach-mhònach.

Gach turas tha beannachd a màthar ga sàbhaladh.

Tha na peathraichean a' ruighinn taigh agus ag iarraidh biadh no cuid-oidhche. 'S e fuamhaire a th' ann am fear an taighe agus tha esan a' toirt dhaibh ghriogagan a chuireas iad orra mus tèid iad a laighe san aon leabaidh ri a nighean fhèin.

Tha a' phiuthar as òige a' toirt air a peathraichean na griogagan a thoirt dhiubh agus an cur mu amhaichean nan nigheanan eile. Tha am fuamhaire mar sin a' marbhadh nan nigheanan aige fhèin; anns an dorchadas tha e a' smaointinn gur e na peathraichean a th' annta 's e gan aithneachadh air na griogagan.

Tha na peathraichean a' teicheadh agus a' ruighinn taigh an rìgh. Nuair a chluinneas an rìgh gu bheil a' phiuthar as òige air a' chùis a dhèanamh air an fhuamhaire 's ann a tha e ag iarraidh oirre tilleadh trì tursan a dh'iarraidh rudan a ghoid am fuamhaire air fhèin: lampa; cìr; agus fàinne. Tha e ag ràdh gum pòs e a mhic ri na peathraichean ma gheibh i na rudan.

Tha a' phiuthar as òige a' tilleadh a thaigh an fhuamhaire dà thuras agus fhad 's a tha e fhèin 's a bhean nan cadal tha i a' teicheadh leis a' chìr agus an lampa. Gach turas tha am fuamhaire a' dùsgadh, ach tha abhainn ri taobh an taighe agus tha a' phiuthar as òige a' dèanamh drochaid tarsainn oirre le aona ghaisean fuilte. Tha am fuamhaire ro mhòr airson seasamh air an drochaid seo.

An treas turas a thilleas i don taigh tha am fuamhaire a' faighinn grèim oirre ach an uair sin chan eil fhios aige dè nì e leatha. Tha ise mar sin ag innse dha gum bu chòir dha a cur ann am poca agus a dhol a dh'iarraidh slat ùr on choille

airson gabhail dhi. Tha esan a' falbh a dh'iarraidh slat agus tha ise a' teicheadh.

Mun an sgeulachd

Tha an sgeulachd seo a' tarraing còmhla eileamaidean de dhiofar sgeulachdan leithid 'Am Bloigh Beag le Beannachd'.

NB 'S e ainm na sgeulachd seo ann am beul-aithris 'Maol a' Chliobain' ach tha ciall eile aig an fhacal 'clioban' an-diugh ann an cuid de dhualchainntean! Tha dreachd Albais oirre cuideachd air a bheil 'Molly Whuppie'.

Beachdan air rudan a ghabhas dèanamh sa chlas:

- Lorg 'Molly Whuppie' air-loidhne agus dèan coimeas eadar an dà sgeulachd. Dè na rudan a tha an aon rud? Dè tha diofraichte?
- Sgrìobh an sgeulachd a-rithist tro shùilean an fhuamhaire.

Moilidh Chalma

A' Cuimhneachadh

- Carson a chaidh an triùir pheathraichean a dh'iarraidh an fhortain?
- Dè bha a' bhanrigh ag iarraidh bho chaisteal an fhuamhaire?

A' Tuigse

- Ciamar a bha Moilidh, Sìne agus Cairistiona eadar-dhealaichte bho chèile?
- Carson a phriob nigheanan an Fhuamhaire air a chèile nuair a thug e grìogagan dha na peathraichean?

A' Cur gu Feum

- An urrainn dhut smaoinichadh air sgeulachd eile far a bheil balach bochd a' goid bho fhuamhaire?
- An dèan thu liosta de na rudan a thug Moilidh bhon fhuamhaire?

A' Dèanamh Anailis

- Ciamar a tha an sgeulachd seo coltach no eadar-dhealaichte ri Seoc agus a' Chraobh Phònairean?
- Dèan liosta den h-uile buadhair a b' urrainn dhut a chleachdadh nuair a tha thu a' bruidhinn mu Mhoilidh.

A' Luachadh


- Anns an sgeulachd tha Moilidh a' cur luach air beannachd a màthar seach grèim bìdh. A bheil thu ag aontachadh rithe?
- Dè am fiosrachadh a chleachdadh tu airson cur ris a' bheachd nach robh Cairistiona agus Sìne idir airidh air cho math 's a bha am beatha?

A' Cruthachadh

- Ciamar a dh'atharraicheadh tu caractar an Fhuamhaire agus dè a' bhuil a bhiodh aige seo air an sgeulachd?
- Nam b' urrainn dhut caractar a thoirt às an sgeulachd, cò bheireadh tu aiste agus carson?



Pàtran na Craoibh-sheilich



Cnàmhan na sgeulachd

Tha nighean le fear beairteach ann an gaol ri rùnaire a h-athar, ach cha ghabh a h-athair ris oir tha esan ag iarraidh an nighean a phòsadh ri duine beairteach eile. Mar sin, tha e a' togail balla timcheall air an taigh aca gus nach fhaic i an rùnaire tuilleadh.

Tha an rùnaire agus an nighean a' lorg dòigh air bruidhinn ri chèile le bhith a' cur litrichean air ais 's air adhart ann an sligean ann an uisge an t-sruthain a tha a' ruith tro ghàrradh an taighe agus a-mach fon bhalla. Tha iad a' teicheadh còmhla ann am bàta.

Tha na bliadhnaichean a' dol seachad agus tha cliù an rùnaire mar bhàrd agus sgrìobhaiche a' fàs air feadh na tìre.

Tha athair na h-ighne gan lorg agus gam marbhadh.

Tha diathan nan speuran a' gabhail truas riutha agus a' togail an spioradan dha na speuran mar chalmain bhàna.

Tha an sgeulachd seo air a h-innse anns a' phàtran a chì thu air truinnsaran agus soithichean Shìona chun an latha an-diugh, 'pàtran na craoibh-sheilich'.

Mun an sgeulachd

Tha e doirbh a ràdh an e seann sgeulachd Shìonach a tha seo, no sgeulachd stèidhichte air seann sgeulachdan agus ìomhaighean Sìonach a bh' air a dèanamh suas gu truinnsaran is soithichean eile a reic! Bha am pàtran air leth fasanta bho na 1800an air adhart.

Beachdan air rudan a ghabhas dèanamh sa chlas:

- Cruinnich truinnsaran le pàtran na craoibh-sheilichorra
- Rannsaich caractaran Sìonach agus feuch iad sa chlas le bruisean is inc no peant dubh
- Dèan truinnsaran le crèadha agus peant ìomhaighean na sgeulachd orra, no peant dealbhan de thruinnsaran air pàipear. Dè na dathan a bu chòir a bhith orra?

Pàtran na Craoibh-sheilich

A' Cuimhneachadh

- Ciamar a bha an nighean agus an rùnaire a' bruidhinn ri chèile às dèidh dha h-athair am balla a thogail?
- Dè rinn diathan nan speuran nuair a chaidh an nighean agus an rùnaire a mharbhadh?

A' Tuigsinn

- An urrainn dhut mìneachadh carson a mharbh an duine beairteach a nighean?
- Ciamar a dhèanadh tu geàrr-chunntas air beatha an rùnaire?

A' Cur gu Feum

- Dèan liosta de na pàtrain a chì thu air truinnsèaran pàtrain na craoibh-sheilich.
- Ciamar a bhiodh tu air an sgeulachd atharrachadh gus gum biodh a' chàraid òg sàbhailte?

A' Dèanamh Anailis

- Ainmich na comharran a tha air na truinnsèaran mar chuimhneachan air a' chàraid.
- Carson a tha thu a' smaoinichadh a rinn na Diathan dà chalman bhàn den chàraid òg?

A' Luachadh

- Cha robh an duine beairteach airson gum pòsadh an nighean aige duine bochd. Dè an argamaid a th' agad airson agus an aghaidh a' bheachd seo?
- Carson a thagh luchd-ealain an sgeulachd seo airson pàtran truinnsèir nad bheachd-sa ?

A' Cruthachadh

- Dè an cumadh a bhiodh tusa air cur air a' chàraid an àite calman?
- An urrainn dhut dòigh ùr innleachd air a' chàraid a chumail ann an cuimhne an t-sluaigh?

Babushka



Cnàmhan na Sgeulachd

Tha seann bhoireannach ann am baile beag anns an Ruis a' toirt cuid-oidhche do thrìuir rìghrean a th' air an slighe a dh'fhaicinn rìgh eile a th' air ùr-bhreith ann an stàball.

Tha iad ag innse dhi mu rionnag ùr a tha gan treòrachadh thuige agus tha iad ag iarraidh air Babushka a dhol còmhla riutha ga fhaicinn. Tha Babushka a' diùltadh oir tha i ag iarraidh an taigh aice a sgioblachadh agus chan eil sìon aice a bheir i mar ghibht do rìgh.

Nuair a dh'fhalbhas iad, tha Babushka a' tuigsinn gu bheil rud aice a bheir i dha – seann dèideagan a mic a chaochail na òige – oir tuigidh e nach eil an còrr aig seann bhean bhoichd.

Tha Babushka a' togail oirre air an t-seann aiseil aice ach tha i ro fhad' air dheireadh agus cha lorg i duine aca.

Tha Babushka fhathast a' siubhal an t-saoghail agus a h-uile Nollaig bidh i a' fàgail ghibhtean ann an dachaighean chloinne.

Mun an sgeulachd

Seo dreachd àlainn Ruiseanach do chloinn air sgeulachd breith Ìosa.

Beachdan air rudan a ghabhas dèanamh sa chlas:

- A bheil na sgoilearan ag aithneachadh na sgeulachd seo?
- Inns an sgeulachd tro shùilean nan Rìghean
- Leugh 'The Silver Donkey' le Sonia Hartnett – sgeulachd breith Ìosa tro shùilean na h-aiseil
- Tha seòrsa doileig ri fhaighinn san Ruis air a bheil Babushka (no Matroyshka). Lorg eisimpleirean air an eadar-lìon agus an uair sin dealbhaich an fheadhainn agaibh fhèin.

Babushka às an Ruis

A' Cuimhneachadh

- Carson nach fhaca Babushka an rionnag nuair a chunnaic càch i?
- A bheil cuimhne agad carson nach robh Babushka airson a dhol còmhla ris na coigrich?

A' Tuigsinn

- Ciamar a dhèanadh tu geàrr-chunntas air beatha Babushka?
- An urrainn dhut mìneachadh carson a tha Babushka a' dol timcheall an t-saoghail a' toirt dhèideagan don chloinn?

A' Cur gu Feum

- Dè na ceistean a dh'fhaighnicheadh tu ann an agallamh cuide ri Babushka?
- Dè na h-eisimpleirean as urrainn dhut a lorg airson sealltainn gur e sgeulachd Nollaig a th' anns an sgeulachd seo?

A' Dèanamh Anailis

- Dè an dearbhadh a th' agad gur e sgeulachd Nollaig às an Ruis a th' anns an sgeul seo?
- Dè an ceangal a tha eadar Babushka agus Bodach na Nollaig?

A' Luachadh

- Thoir iomradh air na dh'ionnsaich thu mun chreideamh Chrìosdail tron sgeulachd seo.
- Carson a dh'atharraich Babushka a h-inntinn agus a lean i na coigrich?

A' Cruthachadh

- Chan eil eòlas aig muinntir na Ruis idir air an sgeulachd seo, ach chaidh a cruthachadh le ban-Ameireaganach gus am biodh sgeul Nollaig aig an Ruis. Ciamar a bhiodh an sgeul seo air a h-innse ann an Alba?
- Nam b' urrainn dhut aon phàirt den sgeulachd atharrachadh, dè am pàirt a bhiodh ann agus carson?

Quetzalcoatl



Cnàmhan na sgeulachd

Tha rìgh cumhachdach an ann Ameireaga a deas a' roinn na dùthcha aige eadar a mhic, Cinteotl agus Tollan.

Tha Tollan na dhroch dhuine agus tha e a' dèanamh dìmeas air Quetzalcoatl, eun seunta dha bheil muinntir na tìre a' dèanamh adhradh mar dhia. Tha e a' cur Quetzalcoatl ann an cèidse.

Tha Cintoetl a' tighinn air ceann airm a shaoradh Quetzalcoatl. Tha Cintoetl air a losgadh gu dona sa bhlàr agus tha Tollan ga chur ann an cèidse eile mu choinneamh Quetzalcoatl.

Tha Cochotan, nighean òg, a' leigheas Cintoetl agus tha Cochotan agus Cintoetl a' tuiteam ann an gaol.

Tha Tollan a' dol a chur Cintoetl gu bàs agus tha Cochotan ag iarraidh air leigeil leatha Quetzalcoatl a chumail air a gàirdean fhad 's a choimheadas iad.

Tha Cochotan a' saoradh Quetzalcoatl agus tha Quetzalcoatl a' marbhadh Tollan.

Tha Cochotan agus Cintoetl a' pòsadh, tha an dùthaich air a h-aonachadh a-rithist agus tha Quetzalcoatl aon uair eile na dhia aig na daoine.

Mun an sgeulachd

Tha Quetzalcoatl a' ciallachadh 'nathair iteach' ann an cànan nan Nahua ann an ceann a deas Ameireaga. 'S e dia Aztec a bh' ann agus tha iomadach cruth is dreach aige agus iomadach sgeulachd mu dheidhinn.

Beachdan air rudan a ghabhas dèanamh sa chlas:

- Faigh a-mach barrachd mu Quetzalcoatl agus cultar nan Aztec air an eadar-lìon. Priont dealbhan de Quetzalcoatl agus tarraing feadhainn eile stèidhichte air an sgeulachd anns a' chruinneachadh
- Lorg itean eòin agus peant aghaidhean orra mar a tha a' tachairt san sgeulachd
- Inns an sgeulachd ann an dealbhan mar stòiridh ann an comaig.

Quetzalcoatl

Ameireaga a Deas

A' Cuimhneachadh

- An urrainn dhut cuimhneachadh air na dathan àlainn a bh' air Quetzalcoatl?
- Carson a chuir Tollan Quetzalcoatl ann an cèidse?

A' Tuigsinn

- Ciamar a bha Tollan agus Cintoelt coltach ri chèile/eadar-dhealaichte bho chèile?
- Ciamar a dhèanadh tu geàrr-chunntas air beatha Thollan?

A' Cur gu Feum

- Dè am pàirt den sgeulachd seo a bhiodh tu airson atharrachadh?
- Dè am fiosrachadh a thaghadh tu airson sealltainn cho olc 's a bha Tollan?

A' Dèanamh Anailis

- An urrainn dhut obrachadh a-mach dè an cruth a bhiodh air cèidse Quetzalcoatl?
- Dè na prìomh chuspairean a tha anns an sgeulachd seo?

A' Luachadh

- Dè do bheachd air Cochotan?
- Carson a chuir Tollan Quetzalcoatl an grèim?

A' Cruthachadh

- An can thu tuilleadh mu dheidhinn an nàdar aig Tollan agus Carson a bha e cho olc?
- Nam b' urrainn dhut a dhol a dh'Ameireaga a Deas, dè an dùthaich dhan deigheadh tu?

